

Higher Gaelic (Learners) Listening - Learning – Course options

In this dialogue you'll hear Martin discuss his college and university course options with an adviser.

Adviser: Madainn mhath a Mhàrtainn. A-nise, tha thu an seo airson bruidhinn mu dheidhinn a bhith a' dol dhan oilthigh no dhan cholaiste. A bheil sin ceart?

Martin: Tha sin ceart, ach chan eil mi idir cinnteach dè nì mi. Tha mi air a bhith a' leughadh bhileagan fiosrachaidh on a h-uile oilthigh ann an Alba agus chan eil fios agam dè an cùrsa as fheàrr leam.

Adviser: Ceart ma-thà. An toiseach, dè na cuspairean nach toigh leat?

Martin: Chan eil cus ùidh agam ann an teicneòlas no cuspairean prataigeach. Chan eil mi math le mo làmhnan idir ged nach d' rinn mi ro dhona ann an Eaconamas Dachaigh. Tha còcaireachd a' còrdadh rium agus bidh mi a' dèanamh dinneir aig an taigh glè thrì, ach cha bu toigh leam dreuchd mar chòcaire idir. Tha mo mhàthair na còcaire anns an Taigh-òsta Rìoghail sa bhaile. Tha na h-uairean fada agus chan eil am pàigheadh ro mhath.

Adviser: Seadh. Ciamar a chaidh dhut le Beurla an-uiridh?

Martin: Fhuair mi B aig Àrd Ìre agus bha mi riarachaidh le sin. Cha do chòrd an nobhail Albannach a rinn sinn mar chlas rium ge-tà. Shaoil mi nach robh e uabhasach inntinneach agus cha do thuig mi ceart e. Chòrd a' bhàrdachd a rinn sinn rium na b' fheàrr. Chan eil mi uabhasach cruthachail, cha robh an aiste phearsanta agam ro mhath, ach sgrìobh mi aiste bheachdail a mhol an tidsear Beurla agam gu mòr.

Adviser: Mar sin, tha sgilean sgrìobhaidh agad; an toigh leat Eachdraidh?

Martin: Tha ùidh mhòr agam ann an Eachdraidh. Bidh mi a' leughadh leabhraichean eachdraidh agus a' bruidhinn ri mo sheanmhair mu dheidhinn eachdraidh na sgìre. Ach 's e Cruinn-eòlas an cuspair as fheàrr leam gun teagamh sam bith. Bidh mi a' sreap nam beann agus a' coiseachd ri taobh na h-aibhne. Tha mi a' smaoinachadh gu bheil e inntinneach a bhith a' faighinn a-mach mar a tha rudan nàdarrach gan cruthachadh.

Bitesize

Adviser: Tha sinn a' dèanamh adhartais. Tha cùrsaichean Cruinn-eòlais aig mòran oilthighean. Càit am b' fheàrr leat a dhol?

Martin: Chaidh mo bhràthair as sine dhan cholaiste ann an Glaschu. 'S e maraiche a th' ann agus bidh e a' seòladh air feadh an t-saoghail. Tha flat aige ann am meadhan a' bhaile agus bhiodh e saor a bhith a' fuireach an sin. Ach chan eil fios agam, chan eil mòran charaidean agam a tha an dùil a dhol a Ghlaschu às dèidh na sgoile. Tha Cairistiona a' dol a dhèanamh lagh ann an Dùn Èideann agus bidh Pòl ag ionnsachadh Gàidhlig anns a' cholaiste ann an Leòdhas.

Adviser: Dè mu dheidhinn fuireach air a' Ghàidhealtachd?

Martin: Am b' urrainn dhomh sin a dhèanamh?

Adviser: B' urrainn gu dearbh! Tha cùrsaichean Cruinn-eòlais aig an oilthigh air a' Ghàidhealtachd agus tha an cothrom ann cùrsaichean aig astar a dhèanamh air-loidhne cuideachd. Tha e a' ciallachadh gun urrainn do dhaoine òga fuireach anns na coimhearsnachdan aca fhèin. Seo dhut bileagan mu dheidhinn cùrsaichean den leithid.

Martin: Tapadh leibh. Cha robh fios agam mu dheidhinn sin. 'S dòcha gun dèan mi sin. Tapadh leibh airson ur tìde an-diugh.

Adviser: 'S e do bheatha. Gur math thèid leat.